

Na deuchainnean agad

Am fiosrachadh a dh'fheumas a bhith agad mu dheidhinn deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Eagran do sgoiltean



Clàr-innse

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad.....	3
Nithean cudromach air am feum fios a bhith agad mu dheuchainnean ann an 2025 ...	4
<u>Taic rè nan deuchainnean.....</u>	<u>5</u>
Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad.....	6
<u>Clàr-ama.....</u>	<u>6</u>
<u>Aplacaidean SQA.....</u>	<u>6</u>
<u>Seann phàipearan deuchainn.....</u>	<u>7</u>
<u>Àireamh an Oileanaich.....</u>	<u>8</u>
<u>Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh agad ceart.....</u>	<u>9</u>
Air latha na deuchainne.....	10
<u>A' tighinn airson na deuchainne agad.....</u>	<u>10</u>
<u>Deasgaichean.....</u>	<u>10</u>
<u>Freiceadanan.....</u>	<u>10</u>
<u>Nithean toirmisgte.....</u>	<u>11</u>
<u>Pàipearan-cheistean agus leabhranan fhreagairtean.....</u>	<u>12</u>
<u>A' sgrìobhadh nam freagairtean agad.....</u>	<u>13</u>
<u>A' fàgail seòmar nan deuchainnean.....</u>	<u>14</u>
<u>Cothromachd.....</u>	<u>15</u>
Comhairle.....	16
Ma thachras rudeigin ris nach robh dùil.....	17
Suidheachaidhean sònraichte.....	18
Na toraidhean agad.....	20
<u>A' faighinn nan toraidhean agad.....</u>	<u>20</u>
<u>MySQA.....</u>	<u>20</u>
Ath-thagraidhean.....	22
Taic.....	22
Am fiosrachadh agad.....	23

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad

Tha deuchainnean a' sealltainn dhut dè dh'ionnsaich thu sna cùrsaichean agad.

Tuigear gum faod thu a bhith beagan iomagaineach no ann an imcheist a thaobh nan deuchainnean agad nas anmoiche am-bliadhna. Agus gun teagamh bidh thu ag iarraidh do dhìcheall a dhèanamh air an latha fhèin. Tha an leabhran seo ag innse dhut dè am fios a dh'fheumas a bhith agad gus sin a dhèanamh, agus tha e a' toirt dhut fiosrachadh feumail is comhairle. Tha riaghailtean ann cuideachd, a bhios a' dèanamh cinnteach gu bheil deuchainnean cothromach don h-uile duine. Tha e cudromach gun leugh thu agus gun tuig thu iad mus tòisich na deuchainnean agad.

Ma tha thu mì-chinnteach mu na riaghailtean, bruidhinn ris an tidsear agad. Bidh iadsan comasach air cuideachadh a thoirt dhut agus innsidh iad dhut dè dh'fhaodas tachairt ma bhriseas tu na riaghailtean. Is dòcha gum bi e feumail dhut am fiosrachadh seo a thoirt ri do phàrant no neach-cùraim agad, agus bruidhinn mu dheidhinn leotha.

Cuimhnich gum bu chòir dhut ullachadh, cumail ciùin agus dèanamh do dhìcheall.



Tadhail air www.sqa.org.uk/learners airson tòrr a bharrachd fiosrachadh feumail.

Ma tha feum agad air an leabhran seo ann an cruth eadar-dhealaichte mar ann an clò mòr, Braille no cànan eadar-dhealaichte, feuch gun cuir thu fios gu customer@sqa.org.uk no c cuir fòn gu **0345 279 1000**.



Nithean cudromach air am feum fios a bhith agad mu dheuchainnean ann an 2025

- Bidh clàr-ama nan deuchainnean a' tòiseachadh air Dihaoine 25 Giblean agus a' crìochnachadh air Diluain 2 Ògmhios.
- Mur a h-urrainn dhut a bhith an làthair aig an deuchainn agad, no ma bheir rudeigin droch bhuaidh air do choileanadh air latha na deuchainne, no ma tha suidheachaidhean sònraichte ann a tha a' toirt buaidh air, faodaidh tu cur feum air Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean. Faic taobh-duilleig 18 airson barrachd fiosrachaidh.
- Cuiridh an sgoil agad ìre thuairmsichte a-steach airson gach cùrsa agad mus tòisich na deuchainnean. Faodaidh tu bruidhinn ris na tidsearan agad mun adhartas agus ìrean tuairmsichte agad mus cuir iad thugainn iad. Bidh seo gad chuideachadh a thuigsinn mar a tha an ìre thuairmsichte agad a' buntainn ri do choileanadh anns na measaidhean a rinn thu am-bliadhna.
- Gheibh thu toraidhean nan deuchainnean tron phost air Dimàirt 5 Lùnastal. Faodaidh tu clàradh airson MySQA, aig www.mysqa.org.uk, gus am faigh thu na toraidhean cuideachd tro theacsa no post-d (no an dà chuid) bho 8m air latha nan toraidhean.
- Tha seirbheis ath-thagraidh an-asgaidh ann as urrainn dhut cleachdadh gu dìreach no tron sgoil agad. Bidh barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn air san Ògmhios 2025.



Taic rè nan deuchainnean

Tha ‘ullachaidhean measaidh’ a’ toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh air a bheil ciorram no a tha feumach air taic a bharrachd diofar dhòighean a chleachdadh airson deuchainn a choileanadh. Mar as trice, bidh ullachadh measaidh ann an deuchainnean coltach ris an taic a gheibh thu rè teagaisg agus measaidhean àbhaisteach ann an sgoil.

Tha diofar sheòrsaichean de dh’ullachaidhean measaidh ann, a dh’fhaodadh atharrachadh a rèir cuspair, ìre agus neach-ionnsachaidh. Tha na h-ullachaidhean seo a’ gabhail a-steach pàipearan cheistean leasaichte agus atharrachaidhean air an ùine agus far am bi an deuchainn ga gabhail.

Ma dh’fheumas tu taic a bharrachd fhad ‘s a tha thu a’ suidhe do dheuchainnean, faodar ullachaidhean a dhèanamh gus am faigh thu cothrom co-ionann air do chuid eòlais agus chomasan a shealltainn. Ma tha ceistean agad, bruidhinn ris an sgoil agad. Cuiridh iadsan na h-ullachaidhean air dòigh dhut.

Gus barrachd fhaighinn a-mach mu ullachaidhean measaidh, leugh an stiùireadh againn aig www.sqa.org.uk/learnerassessmentarrangements no bruidhinn ris an tidsear agad.

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad

Clàr-ama

Dh'ath-ùraich sinn clàr-ama nan deuchainnean, a tha a' sealltainn cinn-latha agus amannan nan deuchainnean, air 3 Gearran. Tadhail air www.sqa.org.uk/timetable gus an tionndadh as ùire fhaicinn. Feuch gun cleachd thu an tionndadh sin den chlàr-ama air eagal 's gu bheil cinn-latha no amannan nan deuchainnean agad air atharrachadh.

An-còmhnaidh, dèan cinnteach mu amannan nan deuchainnean leis na tidsearan agad, oir faodaidh sgoiltean na h-amannan tòiseachaidh atharrachadh beagan.

Dèan cinnteach gu bheil fios agad air dè na deuchainnean a tha thu a' dèanamh, cuin a tha iad, agus càite a bheil iad.

Faighnich den sgoil agad cò an tidsear a bhios os cionn deuchainnean SQA air an latha. Feumaidh fios a bhith agad cò a th' ann gus an urrainn dhut innse dhaibh ma ruigeas tu fadalach.

Aplacaidean SQA


Tha aplacaidean an-asgaidh ann a bheir taic dhut aig àm nan deuchainnean.

Bidh an app **MyExams** a' leigeil leat do chlàr-ama pearsanta a chruthachadh agus fhaicinn, notaichean a chur ris, agus do chlàr-ama pearsanta a chur ri mìosachain eile.

Bidh an app **MyStudyPlan** gad chuideachadh gus an t-ullachadh agad airson nan deuchainnean a chur air dòigh le bhith a' cruthachadh plana obrach pearsanta. Tadhail air www.sqa.org.uk/studyplan airson comhairle a chuidicheas tu gus plana a chruthachadh a bhios gad chuideachadh gus fòcas a chumail air sgrùdadh.

Faodaidh tu cuideachd clàr-ama pearsanta de na deuchainnean agad a chruthachadh a' cleachdadh an inneil air-loidhne **Personal Timetable Builder**.

Tadhail air www.sqa.org.uk/timetable gus na h-aplacaidean a luchdachadh a-nuas agus a long a-mach mar as urrainnear an aplacaid MyStudyPlan ath-ùrachadh an dèidh atharrachaidhean don chlàr-ama.





Seann phàipearan deuchainn

Faodaidh cleachdadh le seann phàipearan deuchainn do chuideachadh gus ullachadh airson deuchainnean.

Faodaidh tu seann phàipearan deuchainn a luchdachadh a-nuas, agus stiùireadh air mar a bhathar gan comharrachadh, bho www.sqa.org.uk/pastpapers

Àireamh an Oileanaich

'S e Àireamh an Oileanaich (SCN) an àireamh aithneachaidh phearsanta agad. Bidh sinn a' cleachdadh an SCN agad gus an coileanadh uile agad a chlàradh agus a thracadh.

Thèid aig an sgoil agad innse dhut dè an SCN a th' agad. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an SCN agad, oir feumaidh tu a sgrìobhadh gu soilleir air leabhranan nam freagairtean agad.

Bheir an tidsear agad cairt SCN air am faod thu d' ainm, ainm do sgoile, do latha-breith agus an SCN agad a sgrìobhadh. Faodaidh tu a' chairt seo a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean fhad 's nach sgrìobh thu dad sam bith eile oirre.

Ma sgrìobhas tu rud sam bith eile air a' chairt, dh'fhaodte nach tèid do chur a-steach airson na deuchainne. Dh'fhaodadh seo ciallachadh nach fhaigh thu toraidhean sam bith.

Ma chailleas tu a' chairt SCN agad, iarr air an tidsear agad airson cairt eile.





Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh agad ceart.

'S e aon de na h-adhbharan as cumanta nach fhaigh neach-ionnsachaidh teisteanas nan toraidhean aca, nach deach innse dhuinn mu atharrachadh seòlaidh. Gus dèanamh cinnteach gum faigh thu an teisteanas agad air latha nan toraidhean, dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh conaltraidh ceart agad aig an sgoil, a' gabhail a-steach d' ainm agus do sheòladh ceart.

Faodaidh tu clàradh airson cunntas MySQA agus logadh a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh conaltraidh agad ceart, aig www.mysqa.org.uk

Ma dh'atharraicheas am fiosrachadh pearsanta agad, no ma tha e a' dol a dh'atharrachadh thairis air an t-samhradh, feumaidh tu innse don sgoil agad mus tòisich thu air saor-làithean an t-samhraidh.

Air latha na deuchainne

Tha e cudromach a bhith deiseil agus ullachte airson deuchainn. Seo beagan fiosrachadh cudromach.

A' tighinn airson na deuchainne agad

Bu chòir dhut a bhith taobh a-muigh seòmar nan deuchainnean co-dhiù 10 mionaidean ro thoiseach na deuchainne. Ma tha thu fadalach, feumaidh tu aithris don tidsear a tha air ceann nan deuchainnean SQA air an latha. Innsidh iadsan dhut an urrainn dhut an deuchainn a dhèanamh.

Deasgaichean

Anns a' mhòr-chuid de sgoiltean, gheibh thu deasg no àireamh suidheachain airson gach deuchainn. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an àireimh seo ro gach deuchainn.

Freiceadanan

'S e 'freiceadanan' a chanar ris na daoine a bhios a' marasgladh dheuchainnean. 'S e an obair aca dèanamh cinnteach gum bi na deuchainnean agad a' tachairt a rèir nan riaghailtean agus gu bheil na riaghailtean gan cur an gnìomh gu cothromach. Feumaidh tu èisteachd ri stiùireadh sam bith a bheir na freiceadanan dhut agus a leantainn.

Ma thachras dad gun dùil nè deuchainn, leithid faireachdainn tinn, bu chòir dhut innse don fhreiceadan sa bhad.



Nithean toirmisgte

'S e nithean toirmisgte rudan nach fhaod a bhith agad aig an t-suidheachan no an deasg agad ann an seòmar nan deuchainnean, mur eil iad air aontachadh leinn mar phàirt de dh'ullachadh measaidh airson na deuchainn a tha thu a' suidhe.

Tha nithean toirmisgte a' gabhail a-steach na leanas.


- Fònaichean-làimhe (Fiù 's ma tha am fòn agad dheth, chan fhaod e a bhith leat aig an t-suidheachan no deasg.)
- Innealan dealanach, leithid tablaidean, earbuds, uaireadairean-tapaiddh no inneal sam bith eile a bhios a' stòradh fiosrachadh no a ghabhas ceangal ris an eadar-lìon.
- Fiosrachadh a bharrachd
 - leabhraichean, sgeidsichean no pàipear
 - rud sam bith sgrìobhte air d' aodach no air do bhodhaig, agus
 - notaichean no fiosrachadh neo-ùghdarnaichte sgrìobhte air a' chaint SCN agad
- Cèisean peansail no cèisean àireamhair
- Àireamhairean, ach a-mhàin airson deuchainnean far a bheil àireamhairean ceadachta
- Faclairan, ach a-mhàin airson deuchainnean far a bheil faclairan ceadachta

Airson fiosrachadh air cuin a tha àireamhairean no faclairan ceadachta, feuch gun tadhail thu air www.sqa.org.uk/yourexams

Mus tèid thu don t-suidheachan agad ann an seòmar nan deuchainnean, thoir sùil air na bagaichean is pòcaidean agad gu faiceallach gus dèanamh cinnteach nach eil gin de na rudan sin agad. Chan fhaod thu nì toirmisgte sam bith a thoirt don t-suidheachan agad - smaoinich no làimh agus fàg iad ann an àite sàbhailte. Ma bheir thu nì toirmisgte don t-suidheachan agad ann an talla nan deuchainnean, dh'fhaodte nach tèid do chur a-steach airson na deuchainn agus nach faigh thu toradh.

Nuair a tha nithean sònraichte leithid àireamhairean no faclairan ceadachta ann an deuchainn, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir riaghailtean SQA. Bidh an tidsear agad comasach air barrachd fiosrachaidh a thoirt dhut. Feumaidh tu dèanamh cinnteach nach bi na nithean seo a' toirt cothrom dhut air fiosrachadh nach eil ceadachta a bhith agad san deuchainn.

Chan fhaod thu uidheamachd sam bith a cho-roinn nè deuchainn.



Pàipearan-cheistean agus leabhranan fhreagairtean

Tha e cudromach gun leugh thu an stiùireadh air aghaidh a' phàipeir-cheistean agad agus gun dèan thu cinnteach gu bheil an cuspair agus ìre ceart.

Gheibh thu **an dàrna cuid**:



- pàipear-cheistean agus leabhran-fhreagairtean air an ceangal còmhla (feumaidh tu d' fhiosrachadh a lìonadh gu soilleir air duilleag aghaidh an leabhra, anns na bogsaichean), **no**
- pàipear-cheistean agus leabhran-fhreagairtean air leth bho chèile (feumaidh tu d' fhiosrachadh a lìonadh gu soilleir air duilleag aghaidh an leabhra-fhreagairtean, anns na bogsaichean).

Ma bhios feum agad air barrachd pàipeir, tog do làmh agus iarr air an fhreiceadan. Ann an cuid de chuspairean, gheibh thu barrachd duilleagan no pàipear-graf aig deireadh leabhra nam freagairtean.

Ma chleachdas tu duilleagan pàipeir a bharrachd, feumaidh tu d' ainm, an Àireamh Oileanaich (SCN) agad agus ainm na sgoile agad a sgrìobhadh air gach duilleag agus iad sin a chur am broinn leabhra nam freagairtean agad.

Obraich tron phàipear-cheistean agad gus am faic thu an aithris 'CRÌOCH A' PHÀIPEIR'. Cha bhi dad eile ann a dh'fheumas tu freagairt às dèidh seo.

Ann am pàipear-cheistean, bidh duilleagan air nach eil ceistean no stiùireadh ag ràdh 'DUILLEAG BHÀN'. Cha bu chòir duilleag sam bith a bhith gu tur bàn. Ma lorgas tu duilleag a tha gu tur bàn ron aithris 'CRÌOCH A' PHÀIPEIR', innis don fhreiceadan.



A' sgrìobhadh nam freagairtean agad



Feumaidh tu peann a chleachdadh le inc dhubh no ghorm. Faodar am pàipear agad a sganadh agus, mar sin, tha e cudromach gur urrainn don luchd-ceartachaidh do sgrìobhadh a leughadh. Bidh luchd-ceartachaidh a' dèanamh an dìchill gus d' obair a leughadh, ach is dòcha nach bi e comasach dhaibh comharran a thoirt seachad ma tha do sgrìobhadh duilich a leughadh. Na cleachd pinn gel no peansailean, oir faodaidh an sgrìobhadh fàs fann.

Nuair a tha thu a' sgrìobhadh air duilleagan gun loidhnichean, feuch gum fàg thu mu aon cheudameatair eadar loidhnichean.

Ann an cuid de chuspairean, dh'fhaodadh droch litreachadh agus puingeachadh a bhith ag adhbharachadh nach tèid comharran a thoirt seachad. Ma tha dragh sam bith ort mu dheidhinn seo, no mun làmh-sgrìobhadh agad, bruidhinn ris an tidsear agad.

Feuch gun sgròb thu às obair gharbh sam bith, no freagairtean gun iarraidh, ann an leabhnan nam freagairtean agad. Chan fhaod thu pinn ceartachaidh, teip ceartachaidh no lionn ceartachaidh a chleachdadh ann an deuchainn sam bith.

Cuimhnich

- Gabh air do shocair.
- Leugh na ceistean gu cùramach.
- Freagair na ceistean mionaideach a thathar a' faighneachd.
- Rach thairis air na freagairtean agad a-rithist ma chrìochnaicheas tu tràth.
- Bidh ciùin agus dèan do dhìcheall.



A' fàgail seòmar nan deuchainnean

Ma chrìochnaicheas tu tràth, no ma tha thu air nas urrainn dhut den deuchainn a dhèanamh, agus ma tha thu airson seòmar nan deuchainnean fhàgail, tog do làmh agus iarr cead fàgail bhon fhreiceadan. Ma tha an deuchainn nas fhaide na uair a thìde, is dòcha gun toir am freiceadan cead dhut fàgail às dèidh 30 mionaidean. Ma tha an deuchainn nas lugha na uair a thìde, feumaidh tu feitheamh ann an seòmar nan deuchainnean gu ruige crìoch na deuchainne.

Mus fàg thu, feumaidh tu na pàipearan-deuchainne uile agad a thoirt don fhreiceadan, a' gabhail a-steach leabhlanan fhreagairtean, duilleagan a bharrachd, pàipearan-cheistean agus leabhlanan-dàta sam bith. Dh'fhaodadh tu na comharran uile airson a' phàipeir a chall muna toir thu na pàipearan-deuchainne agad don fhreiceadan mus fàg thu seòmar nan deuchainnean.

Ma dh'fheumas tu seòmar nan deuchainnean fhàgail airson adhbhar sam bith ach a-mhàin gu bheil thu air an deuchainn a chrìochnachadh no gu bheil thu air uiread a dhèanamh 's as urrainn dhut (mar eisimpleir, airson dol don toidhleat), tog do làmh airson bruidhinn ris an fhreiceadan.

Cothromachd

Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine an dìcheall a dhèanamh rè dheuchainnean. Tha e mì-chothromach do thagraichean eile a bhith a' mealladh no a bhith a' togail ùpraid rè deuchainne. Tha eisimpleirean de mhealladh agus giùlan mì-chothromach (mì-chleachdadh tagraiche) a' gabhail a-steach na leanas.

- **Nithean toirmisgte a thoirt leat** don t-suidheachan agad ann an seòmar nan deuchainnean.
- **A' leigeil ort gur e cuideigin eile a th' annad** no ag iarraidh air cuideigin eile deuchainn a dhèanamh air do shon.
- **Giùlain ùpraid each** ann an seòmar nan deuchainnean.
- **A' cleachdadh cainnt no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, oibheumach no a tha dèanamh leth-bhreith sna freagairtean agad** (Cuimhnich gun tèid a h-uile duilleag bhon deuchainn agad a chruinneachadh agus gun tèid an sgrùdadh le luchd-ceartachaidh.).
- **A' dèanamh copaidh** den obair aig neach eile.
- **Co-rùn** - ag obair còmhla ri tagraichean eile air gnìomh fa leth a dh'fheumas a bhith na obair a rinn thu fhèin.
- **Mèirle-sgrìobhaidh** (plagiarism) - gun a bhith a' toirt iomradh ceart air tùsan no a bhith a' taisbeanadh obair cuideigin eile mar d' obair fhèin, a' gabhail a-steach cleachdadh phrògraman inntinn-fhuadain leithid ChatGPT gus freagairtean a sgrìobhadh.

Faodaidh mealladh no giùlan mì-chothromach droch-bhuil a thoirt air na toraidhean agad. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach call chomharran no faighinn ìre nas ìsle. No dh'fhaodadh nach tèid do chur a-steach airson na deuchainne agus nach faigh thu toradh. Faodaidh an sgoil agad barrachd a mhìneachadh dhut mu dheidhinn seo.

Comhairle

Cuimhnich



Nochd ann an deagh-àm – co-dhiù 10 mionaidean mus tòisich an deuchainn.

Thoir leat an uidheamachd cheart, a' gabhail a-steach pinn le inc dhubh no ghorm.

Dèan cinnteach nach toir thu nithean toirmisgte leat chun an t-suidheachain agad.

Dèan cinnteach gun deach am pàipear-deuchainne ceart a thoirt dhut.

Cuir d' ainm, an àireamh SCN agus ainm na sgoile agad air a h-uile pìos pàipeir a bheir thu a-steach (a' gabhail a-steach leabhrranan fhreagairtean agus duilleagan fhreagairtean fa leth).

Sgrìobh ann an dòigh a ghabhas leughadh gus an urrainn don luchd-ceartachaidh na freagairtean agad a leughadh.

Leugh an stiùireadh gu lèir agus èist gu cùramach airson fios sam bith bhon fhreiceadan.

Sgròb a-mach obair gharbh sam bith nach eil na pàirt den fhreagairt agad.

Fuirich san t-seòmar gus am bi an deuchainn crìochnaichte. Chan fhaod thu fàgail tràth ach le cead an fhreiceadain.

Thoir na pàipearan-deuchainne agad uile don fhreiceadan, a' gabhail a-steach leabhrranan-fhreagairtean, duilleagan a bharrachd, pàipearan-cheistean agus leabhrranan-dàta sam bith, mus fàg thu seòmar nan deuchainnean.

Na Dèan



Na toir nithean toirmisgte don t-suidheachan agad.

Na cleachd cainnt no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, oibheumach no a tha a' dèanamh leth-bhreith sna freagairtean agad.

Na iarr air cuideigin eile an deuchainn agad a dhèanamh air do shon agus na leig ort gur e cuideigin eile a th' annad.


Na bi gad ghiùlain fhèin ann an dòigh ùpraidheach agus na adhbharaich ùpraid.

Na dèan copaidh à obair neach eile.

Na co-roinn an obair agad le neach eile.

Na co-roinn uidheamachd le neach sam bith eile.

Na cleachd pinn ceartachaidh, teip ceartachaidh no lionn ceartachaidh.



Ma thachras rudeigin ris nach robh dùil



Dè mura tèid agam air an deuchainn a ghabhail no ma tha buaireadh mòr ann rè na deuchainne?

Bu chòir dhut fhèin no do phàrant no neach-cùraim fios a chur chun na sgoile agad cho luath 's a ghabhas, a' mineachadh na thachair.

Faodaidh iadsan bruidhinn mu na roghainnean agad agus am biodh còir agad an t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean a chleachdadh. Ma tha thu ion-roghnach air an t-seirbheis a chleachdadh, dh'fheumadh an sgoil agad fios a chur thugainn. Feumaidh iad seo a dhèanamh taobh a-staigh 10 làithean às dèidh na deuchainne, agus mar sin tha e fìor chudromach gum bruidhinn thu riutha cho luath 's a ghabhas, a' toirt dhaibh am fiosrachadh gu lèir mu na thachair.

Suidheachaidhean sònraichte

Bheir an t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean (EECCS) taic dhut:

- mura b' urrainn dhut an deuchainn a fhrithealadh, no mura b' urrainn dhut crìoch a chur air an deuchainn, air sgàth suidheachadh pearsanta air nach robh smachd agad (leithid cùis mheidigeach);
- ma thug buaireadh, no suidheachadh eile a dh'èirich tron deuchainn buaidh ort rè na deuchainne, a chaidh aithris leis a' phrìomh fhreiceadan, no
- ma thug suidheachadh pearsanta, no tachartas ris nach robh dùil air an latha, buaidh air do choileanadh san deuchainn, air nach robh smachd agad.

Chan eil frionas deuchainn, dìth no call aire rè deuchainn nan adhbharan dligheach airson an t-seirbheis seo a chleachdadh.


Gu bhith ion-roghnach air an t-seirbheis EECCS a chleachdadh, feumaidh gu bheil thu air a h-uile pàirt riatanach den chùrsa agad a choileanadh nach eil air pàipear-cheistean, leithid taisbeanaidhean agus portfoliothan. Feumaidh an sgoil ìre thuairmsichte air do shon a thoirt seachad cuideachd.

Ma tha thu airson an t-seirbheis a chleachdadh, feumaidh tu bruidhinn ris an sgoil agad cho luath 's a ghabhas às dèidh na deuchainn, a' toirt dhaibh am fiosrachadh gu lèir mu na thachair dhut. Ma tha thu ion-roghnach, feumaidh an sgoil agad an t-seirbheis iarraidh taobh a-staigh 10 làithean bhon deuchainn. Feumaidh tu cead a thoirt don sgoil agad an t-seirbheis a chleachdadh.



Feumaidh an sgoil agad an uair sin fianais eile a thoirt seachad stèidhichte air na measaidhean a rinn thu tron bhliadhna. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an riochd prelim, deuchainnean clas, obair clas, clàran coileanaidh (ann an cuid de chuspairean). Bidh luchd-ceartachaidh an SQA a' dèanamh ath-sgrùdadh air seo, agus air deuchainn is obair-chùrsa sam bith a choilean thu, gus co-dhùnadh a dhèanamh air an ìre agad. Dh'fhaodte gum bi an ìre a gheibh thu tron EECCS eadar-dhealaichte bhon ìre thuairmsichte agad.


Tadhail air www.sqa.org.uk/exceptionalcircumstances airson barrachd fiosrachaidh air an EECCS.



Ma tha thu air an EECCS a chleachdadh, cha bhi e comasach dhut ath-thagraidh a dhèanamh mun ìre a fhuair thu tro sheirbheis nan ath-thagraidhean



Na toraidhean agad



A' faighinn nan toraidhean agad

Gheibh thu toraidhean nan deuchainnean agad tron phost air Dimàirt 5 Lùnastal.

Gheibh an sgoil na toraidhean agad cuideachd. Ma tha thu air iarrtas a dhèanamh airson oilthigh no colaiste tro Sheirbheis Inntrigidh Oilthighean agus Cholaistean (UCAS), gheibh iad do thoraidhean cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad air latha nan toraidhean, cuir fios chun na sgoile agad sa bhad. Faodaidh iadsan na toraidhean agad innse dhut agus obraichidh iad còmhla rinn gus faighinn a-mach dè thachair don teisteanas agad.

Ma tha thu a' smaoineachadh gu bheil mearachd air an teisteanas agad, no gu bheil rudeigin a' coimhead ceàrr, cuir fios chun na sgoile agad.



MySQA

Ma tha thu airson na toraidhean agad fhaighinn tro theacsa no post-d (no an dà chuid), clàraich aig www.mysqa.org.uk no 5f air Diciadain 16 Iuchar.

Tha e cudromach gun cùm thu am fiosrachadh conaltraidh agad cho ùr 's a ghabhas. Ma dh'atharraicheas tu an àireamh fòn no seòladh puist-d agad às dèidh dhut clàradh airson MySQA, feumaidh tu am fiosrachadh agad ath-ùrachadh gus an teacsa no post-d fhaighinn.

Air latha nan toraidhean, mura long thu post-d do thoraidhean san inbox agad, thoir sùil air a' phasgan spam no sgudail agad.

Bidh thu fhathast a' faighinn an teisteanais agad tron phost.

Ath-thagraidhean

Bidh seirbheis ath-thagraidh an-asgaidh ann as urrainn dhut cleachdadh gu dìreach no tron sgoil agad. Thèid fiosrachadh mun t-seirbheis ath-thagraidh fhoillseachadh air an làraich-lìn againn ron **Ògmhios 2025**.

Tadhail air **www.sqa.org.uk/appeals** airson an fhiosrachaidh as ùire mu ath-thagraidhean.

Taic

Faigh a-mach barrachd mun teisteanas agad aig **www.sqa.org.uk/certificate**

Gheibh thu freagairtean do cheistean cumanta aig **www.sqa.org.uk/faqs**

Faodaidh tu fios a chur thugainn le bhith a' lìonadh foirm ceist tagraiche air-loidhne aig **www.sqa.org.uk/candidateenquiryform**

Ma tha ceist sam bith eile agad mun teisteanas agad, feuch gun cuir thu fios gu **customer@sqa.org.uk** no cuir fòn gu **0345 279 1000**.



Am fiosrachadh agad

Bidh sinn a' tional fiosrachadh mu do dheidhinn bhon sgoil agus bhon ùghdarras ionadail agad. Bidh sinn cuideachd a' tional fiosrachadh bho na pàipearan-deuchainne agus stuthan measaidh eile agad.

Tha am fiosrachadh seo uile co-cheangailte ris na teisteanasan agad agus bidh sinn ga chleachdadh airson:

- ullachaidhean a chur air dòigh gus an dèan thu deuchainnean is measaidhean SQA
- an teisteanas thoraidhean agad (ris an canar cuideachd Barantas Teisteanais na h-Alba) a bhuileachadh ort is a chur thugad
- seirbheisean a dh'iarr thu oirnn a thoirt seachad, leithid My SQA
- do cheistean a fhreagairt, agus
- fianais air bristeadh riaghailtean (ris an canar mì-chleachdadh) a rannsachadh.

Bidh sinn cuideachd ga chleachdadh air adhbharan rannsachaidh agus gus staitistearachd a chruthachadh.

Faodaidh sinn cuid den fhiosrachadh agad a cho-roinn le buidhnean eile, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, UCAS, an sgoil agad, agus buidhnean eile a bhios gar cuideachadh gus na seirbheisean againn a thoirt seachad. Tadhair air www.sqa.org.uk/privacystatement gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn air mar a chleachdas sinn am fiosrachadh agad.

Faodaidh tu lethbhreac iarraidh den fhiosrachadh a tha sinn a' cumail mu do dheidhinn. Gheibh thu a-mach mar a nì thu seo aig www.sqa.org.uk/requestpersonalinformation (thoir sùil air 'How do I request my information?').

Gus am fiosrachadh as ùire fhaighinn mu na deuchainnean agad, mu chlàr-ama nan deuchainnean agus mu sheann-phàipearan-cheistean, tadhair air www.sqa.org.uk/learners

Gus fios fhaighinn air càit am faigh thu barrachd taic, a' gabhail buidhnean ris am faod thu bruidhinn ma tha thu a' faireachdainn iomagaineach mu dheidhinn nan deuchainnean agad, tadhair air www.sqa.org.uk/learnersupport

Tha sinn ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail ann an suirbhidhean agus ann an rannsachadh eile. Ma chlàraicheas tu, gheibh thu an cothrom air do bheachd a thoirt seachad air raon de chùisean. Ma tha ùidh agad ann, tadhair air www.sqa.org.uk/haveyoursay



Ionad Seirbheisean Custamair

Fòn: 0345 279 1000

Làrach-lìn: www.sqa.org.uk

Cuimhnich

- Gabh air do shocair.
- Leugh na ceistean gu cùramach.
- Freagair na ceistean mionaideach a thathar a' faighneachd.
- Rach thairis air na freagairtean agad a-rithist ma chrìochnaicheas tu tràth.
- Bidh ciùin agus dèan do dhìcheall.

